

12 IOSAGLOSAN

12.1 Airson iosaglosan eadar Gl. agus an t-Allt Beithe faic Borgstrøm 1941 : § 164, td. : 142 ; gheibhear tuairisgeul air iosaglosan eadar Siorrachd Rois an Iar, agus na h-Eileanan an Iar agus an t-Eilean Sgitheanach, *op. cit.* § 166-7, td. : 142-4.

12.2 Thèid dèiligeadh an seo ri iosaglosan eadar Mealabhaig (am baile dom buin RMC) air taobh a tuath Loch Gheàrrloch agus na bailtean croitearachd (gu sònraichte Na h-Òbainean, dom buin CNC) air taobh a deas an loch. (Bheirear an aire gur e neach-fiosrachaidh à Mealabhaig a dh'innis am fiosrachadh airson puing 122 ann an SDGA, agus neach à Bad a' Chrò, air taobh a deas an loch, airson puing 121.)

Seach gu bheil na riochdan fogharach is fòineimeach air faclan a tha air an sealltainn san tràchdas seo stèidhichte gu mòr air na chualas aig dìthis luchd-fiosrachaidh, RMC is CNC, tha ceist ag èirigh, a thaobh gach eadar-dhealachaidh ann an riochdan a gheibhear aca, an ann mar thoradh air iosaglos eadar Mealabhaig agus taobh a deas Loch Gheàrrloch a tha e, no an e eadar-dhealachadh aig ìre leitheaschainnt a tha ann. Tha mi am barail gu bheil e gu tric comasach dhomh riochdan leitheaschainnteach aig CNC aithneachadh an uair a tha iad eadar-dhealaichte ris na cluinnear sa chumantas air taobh a deas Loch Gheàrrloch, mar thoradh air an eòlas a tha agam san fharsaingeachd air an fho-dhualchainnt sin ; ach tha mi cuideachd gu ìre an urra ris an fhiosrachadh a fhuair mi bho CNC fhèin a thaobh nan riochdan a bhitheadh i a' cluinntinn aig daoine eile anns na bailtean air taobh a deas an loch. A thaobh nan riochdan a chualas aig RMC, feumar a ràdh gu bheil mi an urra gu mòr ris an fhiosrachadh a fhuair mi bhuaithe fhèin mu na bhite a' cleachdadh air taobh a tuath an loch ; chan eil adhbhar agam teagamh a chur san fhiosrachadh aige, ach tuigear nach do dhearbhadh mi fhèin a h-uile eisimpleir a gheibhear an seo shìos.

Nithear beachdachadh goirid air àireamh de dh'iosaglosan eadar Mealabhaig agus taobh a deas Loch Gheàrrloch, cuid aca a tha fogharach nan gnè, cuid eile a tha fòn-eòlach.

12.2.1 Tha eadar-dhealachadh fogharach ann am fuaimneachadh na fuaimreig a fhuaras mar thoradh air a' chinneachadh dhualchainnteach [ǣ] > [æ̃] no [ɛ̃]. San fharsaingeachd, tha an fuaimreag nas dùinte ann am Mealabhaig ([ɛ̃]) na tha i air taobh a deas an loch ([æ̃]) (faic § 4.2.2.1 airson beachdachaidh as mionaidiche). Is dòcha gu bheil ceangal eadar am feinimean seo agus an t-eadar-dhealachadh ann an srònachd a gheibhear san ath pharagraf.

12.2.2 Tha an ìre de shrònachd a chluinnear air fuaimreig shrònaich nas treasa ann am Mealabhaig na air taobh a deas an loch, nì a tha na eadar-dhealachadh fogharach ; ach ann an cuid de dh'fhaclan cluinnear fuaimreag shrònach am Mealabhaig far an e fuaimreag bheòil a gheibhear air taobh a deas an loch, agus 's e eadar-dhealachadh fòn-eòlach a tha seo. Mar thoradh air, gheibhear paidhreannan le /a/ air an taobh a deas ach le /ɛ̃/ ann am Mealabhaig ; tha seo a' tachairt gu sònraichte ann am faclan le consan dùinte deudach¹²⁹¹ ann an ionnsaigh no ann an còda an lide le beum, agus ann am faclan le /m/ ann an ionnsaigh an lide le beum agus le /r/ anns a' chòda (faic §§ 2.7.8, 2.7.9, 4.2.2) : /ɾ 'naski/ (t. deas), /ɾ 'nɛ̃ski/ (M.) *an-asgaidh* cgr., cf. NGT 'i n-aiscidh' 'gratis' (DIL s.v. 'aiscid') ; /k^han/ (t. deas), /k^hɛ̃n/ (M.) *can* gr. àithn., SG **canaid** (DIL s.v.) ; /tamp^h/ (t. deas), /tɛ̃mp^h/ (M.), *damp* br., B **damp** ; /mark^h/ (t. deas), /mɛ̃rk^h/ (M.) *marc* airn., B **mark** ; /mark^hat'/ (t. deas) /mɛ̃rk^hat'/ (M.) *marcaid* airn., B **market** ; /mark^hrix'/ (t. deas), /mɛ̃rk^hrix'/ (M.) *marcraich* gr. àithn., bt. 'marcaich' cf. MG **marcaigecht** agr. (DIL s.v.) ; /matɾ 'R[urɿ]ɸ/ (t. deas), /mɛ̃tɾ 'R[urɿ]ɸ/ (M.), *mada-ruadh* airn., SG **matad** (DIL s.v.) ; /p^hanɾ/ (t. deas), /p^hɛ̃nɾ/ (M.), *pana* airn., B **pan** ; /stamak/ (t. deas), /stɛ̃mɔk/ (M.), *stamag* airn., BA **stamack, stammach** ; /t^hanɾ/ (t. deas), /t^hɛ̃nɾ/ (M.) *tana* br., SG **tana** (DIL s.v.).

Air taobh a deas an loch chan eil an cinneachadh /ǣ(:)/ > /ɛ̃(:)/ air tachairt ann an co-thadhal ri /L/ agus /N/, ach ann am Mealabhaig chualas /ɛ̃(:)/ fiù 's an dèidh /N/ ann am fuaimneachaidhean caochlach a leithid [sn̥^vǣ̃:v] /SNɛ̃:v/ *snàmh* agr., [sn̥^vǣ̃^hɿt̥] /SNɛ̃^hɿt/

snàthad ainr.). Cuideachd, tha e sònraichte gun cluinnear /f ɛk^h(ɣ)/ *fac(a)* gr. preit. eis., le /ɛ̃/ shrònaich, ann am Mealabhaig, ach /f ǎk^h(ɣ)/ *fac(a)*, le /ǎ/ shrònaich ach gun an cinneachadh /ǎ/ > /ɛ̃/, air an taobh a deas (§ 4.2.2.5). Gu h-eisgeachdail, 's e /stav/ *stamh* ainr. (*Laminaria digitata*, *L. hyperborea*, 'TANGLE') (a rèir MacBain bho SL **stafr** 'staff'), le /a/ neo-shrònaich, a chualas aig RMC, ach /stɛ̃v/ le /ɛ̃/ shrònaich a gheibhear air an taobh a deas.

Gheibhear eisimpleirean den diofar san t-srònachd eadar Mealabhaig agus an taobh a deas cuideachd ann am faclan sa bheil fuaimreag le beum eile seach /a/, /ɛ̃/ : /k^hr'ip^hLɔx/ (t. deas), /k^hr' ĭp^hLɔx/ (M.) *crioplach* ainr. ('A CRIPPLE'), cf. B 'cripple'; /k^hrɔt^hɣL/ (t. deas), /k^hrɔt^hɣL/ (M.), *crotal* ainr. ('LICHEN USED FOR DYEING' gu sònraichte *Parmelia saxatilis*) MG **crotball**, **crot(f)al(l)** 'husk (of nut), bark (of tree)' (DIL s.v. 'crotball'). Ann am /metɣr/ (t. deas) *meadar* ainr., /mĭtɣr/ (M.) *miodar* ainr., ('WOODEN VESSEL FOR MILK') MG **metar** (DIL s.v.), tha an t-aomadh a dh'ionnsaigh srònachd ann am Mealabhaig air cinneachadh e > /ĩ/ san lide le beum adhbharachadh, seach nach urrainn don fhòineim /e/ a bhith srònach an Gl.

12.2.3 Ann an àireimh de dh'fhaclan far am faighear dà-fhoghar /ɿuij/ (agus uaireannan /ɿuij/) air taobh a deas Loch Gheàrrloch, 's e /ɿɣij/ a chluinnear am Mealabhaig. Tha seo a' tachairt mar eisimpleir ann an /ɣ 'xɿuij/ (t. deas), /ɣ 'xɿɣij/ (M.), a *chaoidh* cgr., MG **caidchi**, **chaidchi**, 'continually, ... henceforth, ever' (DIL s.v. 'caidchi'), far an robh SG **a** ro shuathach palataichte ro-chonsanach (faic m.e. §§ 4.14.5.8, 4.15.4.2); ann an /sɿuijɣ'an/, cuideachd /sɿuijɣ'an/ (an dà chuid t. deas), /sɿɣijɣ'an/ (RMC), *saoidhean* ainr. (*Pollachius virens* 'SAITHE'), dh'fhaodadh bho SL **seið**; ann an cuid de dh'fhaclan le bunachadh Beurla : /k^hɿuijt^hak/ (t. deas), /k^hɿɣijt^hak/ (M.) *cuidhteag* ainr. (*Merlangius merlangus* 'WHITING') B **whiting**; /k^hɿuijt^hɣs/ (t. deas), /k^hɿɣijt^hɣs/ (M.) *cuidhteas* roi. ('RID OF'), dh'fhaodadh bho B, BA 'quit'.

¹²⁹¹ dental stop

Ach 's ann as trice a gheibhear e ann am faclan sa bheil an dà-fhoghar a' co-fhreagairt ri SG **aí**, **áe**, **oí**, **óe**, aig deireadh facail no ro shuathach palataichte (§§ 4.14.5.7, 4.15.4.4): /k^h₁u₁/ (t. deas), /k^h₁u₁/ (RMC) *caoidh* agr., SG **caí**, **coí** (DIL s.v. 'caí'); /k^h₁u₁ɣ'ɔx/ (t. deas), /k^h₁u₁ɣ'ɔx/ (RMC) *Caoidheach* ainr. dil. ('A MACKAY') cf. SG **Áed** (DIL s.v. 'áed'); /L₁u₁/ (t. deas), /L₁u₁/ (RMC) *laoidh* ainr. ('A PARAPHRASE'), SG **laíd** (DIL s.v.). San fhacal /N₁u₁ɣ'an/ (t. deas), /N₁u₁ɣ'an/ (RMC) *naoidhean* ainr. ('A NEW-BORN BABY, A YOUNG BABY') cf. SG **noídiu** (DIL s.v.), **noídenán** (DIL s.v.), tha am fòineim /ɣ/, mar earrainn den dà-fhoghar /ɣ₁/, srònach aig RMC; ach tha an dà-fhoghar/ɣ₁/, far a bheil e aice, ri chluinntinn beulach a-mhàin aig CNC.

Chualas aon-fhoghar goirid /u/ aig CNC, ach /ɣ/ aig RMC, ann an /t^hur₁u₁/ agus /t^hur₁ɣ₁/ (CNC), /t^hur₁ɣ₁/ (RMC), *turadh* ainr. ('A DRY SPELL') MG **turad** (DIL s.v. '1 turad'). Tha fuaimreag fhada /u:/ aig CNC ann am /f_u:ur/ *faobhar* ainr., MG **fáebar** (DIL s.v.), ach /ɣ:/ aig RMC: /f_ɣ:ur/.

12.2.4 Tha seann **-eba-**, **-ebo-** sa chumantas a' toirt mar iar-riochd an dà chuid /-e.u-/ (mar as trice am Mealabhaig), agus (Mealabhaig agus t. deas) /-(i)ɔ.ɣ-/ (§ 11.2.2.2(ii)), m.e. /L'e.ur/ (M.), /L'jɔ.ɣ/ (t. deas), *leabhar* ainr., SG **lebor** (DIL s.v.); /t^hre.uk/ (M.), /t^hrjɔ.ɔk/ (t. deas), *treabhadh* agr., SG **trebad** (DIL s.v.). Ach 's e dìreach aomadh a tha seo, agus 's ann a chuala Borgstrøm (1941: §152(b), td. 137) /L'e.ur/ san Rubha Dhearg, agus 's e [λe.ʊɾ] (*leabhar* ainr.) le /-e.u-/ a gheibhear aig an dà phuing 121 agus 122 ann an SDGA; air an làimh eile 's e [t^hrjɔ.ɣk] (*treabhadh* agr.) i.e. le /-jɔ.ɣ-/ a gheibhear aig an dà phuing seo.

12.2.5 Faclan eile san cualas fuaimreagan eadar-dhealaichte air taobh a deas Loch Gheàrrloch agus ann am Mealabhaig (no aig RMC):

(a) còmhlán leth-fhuaimreag + fuaimreag, no dà-fhoghar, air an taobh a deas, aon-fhoghar ann am Mealabhaig: /fjɔ:rl'ɣkan/ (t. deas) *feòirleagan*, /fɛ:rlɣkan/ *feàrlagan* ainr. (M.)

(‘SHREW’ *Sorex araneus*, *Sorex minutus*); /m̥iːk/ (t. deas) *meadhg* ainr., /me:k/ (M.) *meug* ainr. (‘WHEY’), bt. ‘meug’, SG **medc**, **medg** (DIL s.v.); /ʃiːrix/ agus /ʃiːrix/ (t. deas), /ʃiːrix/ (RMC), *iongraich* gr. àithn. (‘FESTER’), cf. MG **ingor** (DIL s.v. ‘3 ingor’); ann an lide le dàrnacha beum /kʰʃiːspiːx/ (t. deas), /kʰʃiːspiːx/ (M.), *coinn-speech* ainr., bt. ‘connspeech’ (Vespidae etc., ‘WASP’) cf. dh’fhaodadh SG **bech** ‘bee’, ach a’ chiad eileamaid den fhacal de bhunachadh neo-shoilleir. Air an làimh eile, ann am /pe:r(ɣ)/ *beurr(a)* br. agus /piːrʰ(ɣ)/ *beurrth(a)* br. (t. deas), /piːrʰ(ɣ)/ *beurrtha* br. (RMC) (‘ALERT, SHARP’) (bun. neo-shoill.), chualas /e:/ agus /iː/ air an taobh a deas, ach dà-fhoghar /iː/ aig RMC. Agus ann an /sʉiː/ (M.) *suaile* ainr., /su.ɑː/ (t. deas) *suthail* ainr. (‘SWELL, LARGE WAVE’) BA **sool**, **sweel**, gheibhear dà-fhoghar /uː/ am Mealabhaig, agus còmhlan dà-lideach /-u.ɑ-/ air an taobh a deas.

(b) eile : /r̥iːntarˈɣn/ (t. deas) *riondairean* ainr. iol., /r̥ɛ̃ntarˈɣn/ (RMC) *reandairean*, ainr. iol. (‘PURLINS’), BA **rind**, **reen** (‘a strip or slat of wood’ CSD s.v. ‘rind’); /sˈLˈifakɣn/ (CNC) *slifeagan*, /slɪfakɣn/ (RMC) *sloifeagan*, ainr. iol. (‘seann bhrògan tana gun bharraillean’, ‘SLIPPERS’), cf. BA ‘skliff’, ‘skliffer’, ‘sliffer’ leis a’ chèill ‘a clumsy or worn out shoe, esp[ecially] one used as a slipper’ (SND s.v. ‘skliff’), bheirear an aire gu bheil am fuaimneachadh aig RMC a’ fuireach nas fhaisge air cumadh fogharach an fhacail am BA.

12.2.6 /f/ ro-shuidhichte ro fhuaimreig thùsail aig toiseach facail

(a) /f̥uːrɣt/ (M.) *abhrad* ainr., ach /f̥uːrɣt/ (t. deas, le ‘f’ ro-shuidhichte) *fabhrad* ainr., SG ain. sg. **abra**, cuideachd **abrat** (seo le comharra ceist ann an DIL s.v. ‘abra’); /ɑːrɣk/ (M.) *àradh* ainr., /ɑːrɣk/ *fàradh* (t. deas), SG **árad** (DIL s.v.);

(b) an dèidh an naisgeir leasaichte /kɣ/ *gur* : cluinnear riochdan an dà chuid le /f/ agus gun /f/ ro-shuidhichte air dà thaobh Loch Gheàrrloch, ach ann am Mealbhaig gheibhear riochdan le /Nˈ/ cuideachd (faic § 5.6.3.5). Eisimpleirean : /kɣ ˈfɛ/ *gu fe*, agus gun ‘f’ ro-shuidhichte /kɣr ˈhɛ/ *gur h-e* (cuideachd /kɣ ˈNˈɛ/ *gun e* am Mealabhaig) bt. ‘gur e’ ; /kɣ ˈfi/ *gu fi*, agus /kɣr ˈhi/ *gur h-i* (cuideachd /kɣ ˈNˈi/ *gun i* am Mealabhaig) bt. ‘gur i’ ; /kɣ ˈf̥ɛ̃uN/ *gu fann*,

agus /kʲr 'hʲɛuʲN/ *gur h-ann* (cuideachd /kʲr 'NʲɛuʲN/ *gun ann* am Mealabhaig) bt. ‘gur ann’ ;
 /kʲr 'fʲurɪnʲ/ *gu furrainn*, agus /kʲr 'hʲurɪnʲ/ *gur h-urrainn* (cuideachd /kʲr 'Nʲurɪnʲ/ *gun*
urrainn am Mealabhaig) bt. ‘gur urrainn’.

12.2.7 Eadar-dhealachaidhean ann an sònaraich :

(a) Ann an àireimh bhig de dh’fhaclan sam faighear /lʲ/ air an taobh a deas, cluinnear taobhach eadar-dhealaichte ann am Mealabhaig (no aig RMC) : /sku:lʲan/ (t. deas) *sgùilean* ainr., /sku:lʲan/ (M.) *sgùlan* ainr. (‘A SMALL-LINE BASKET’) BA **scull, scoo** ; /kʰ[ʲuʲ]Rstlʲanɔx/ (CNC), /kʰ[ʲuʲ]Rstlʲanɔx/ (RMC) *cuairtleanach* agr. (‘GOING AROUND, SWIRLING’), cf. MG **cúairtsel, cúairtfell** ‘rotation, ... whirl’ (DIL s.v. ‘cúairt’) ; /kʰrʲɛlʲak/ (CNC), /kʰrʲɛlʲak/ (RMC), *creithleag* ainr. (*Haematopota spp.* ‘CLEG’) (bun. neo-shoilleir) ; ann an suidheachadh gun bheum : /fʲiʲkʰʲlʲ/ *fiacail* ainr. (t. deas), /fʲiʲkʰʲlʲ/ *fiacail* ainr. (M.) SG **fiacail** (DIL s.v.).

(b) Faclan le /n/ air an taobh a deas agus le /Nʲ/ aig RMC : /asʲnʲ/ (t. deas), /asʲNʲ/ (RMC) *aisne* ainr. (‘A RIB, A CHOP’), tro ais-riochdachadh bhon iol. /asʲnʲn/ (t. deas), /asʲNʲn/ (RMC) *aisnean*, bt. sg. ‘aisean’, MG ain. sg. **asna**, ain. iol. **asnai** (DIL s.v. ‘asna’) ; /krʲe:nʲ/ (CNC), /krʲe:Nʲ/ (RMC), *grèine* gin. de /krʲĩɑn/ *grian* ainr., SG gin. **gréne** (DIL s.v. ‘grían’). Air an làimh eile cluinnear /n/ am Mealabhaig ann an /krʲɛ:nix/ *gràinich* gr. àithn. (‘DISGUST’), ach gheibhear /krʲɛ:Nʲix/ le /Nʲ/ air an taobh a deas.

(c) An critheach vèilearaichte /r/. Tha eadar-dhealachadh fogharach ann am fuaimneachadh a’ chrithich seo eadar CNC agus RMC, ach chan eil e soilleir dhomh co-dhiù a tha seo a’ sealltainn iosaglos eadar an taobh a deas agus Mealabhaig, no gur e feinimean leitheaschainnteach a tha ann. Faic § 5.9.10.1 airson beachdachaidh mhionaidich ; gu goirid, tha an vèilearachadh a gheibhear aig a’ chritheach gu h-iar-fhuaimreagach soilleir sa chumantas aig CNC, ach tha e uaireannan duilich dhomh a chluinntinn aig RMC, agus aig amannan bhithinn teagmhach co-dhiù a tha /r/ no /r/ aige. San t-suidheachadh gun bheum, cluinnear /Nã:tʲRɔx/ (CNC), /Nã:tʲRɔx/ (RMC), *nàdarrach* br., cf. NGE ‘nádúrtha’ (Dinneen s.v.). ’S e riochd

leitheaschainnteach a tha ann an /ʁ 'Nɑ:Rst(ʁ)/ *an àird(e)* cgr., cf. SG **ardae**, **arde** (DIL s.v.), le /-Rst-/ , a chluinnear aig CNC ; sa chumantas, air dà thaobh Loch Gheàrrloch, 's e /ʁ 'Nɑ:Rt(ʁ)/ le /-Rt-/ a bhitheas aig daoine.

(d) Mar a chunnacas aig § 5.16.2.4, ann an còmhlain svarabhakti a tha a' bunachadh ann an seann fhuaimreig chùlaibh air a leantainn le **r** sèimhichte palataichte, gheibhear riochdan an Gl. an dà chuid leis a' chritheach air a dhì-phalatachadh mar /r/, agus a' mairsinn palataichte mar /r'/ . Uaireannan tha an dà riochd seo rim faighinn san aon stoc, agus an uair as e seo a' chùis tha an critheach nas buailtiche air a bhith air a dhì-phalatachadh ann am Mealabhaig (air taobh a tuath Loch Gheàrrloch) na tha e air taobh a deas an loch. Eisimpleirean : /ɽɽɽɽ/ (Mealabhaig), /ɽɽ'ɽ/ (t. deas.), *oirbh* riochd. roi. 2 iol., SG **fuirib**, cuideachd **fo(i)rib** (Th. § 437) ; /skɽɑɽɽ/ agus /skɽɑɽ'ɑɽ/ (Mealabhaig), /skɽɑɽ'ɽ/ (t. deas), *sgairbh*, iol. de /skɽɑɽɽ/ *sgarbh* ainr. ('SHAG', *Phalacrocorax aristotelis*) SL cusp. **skarf** ; /tʰɑɽɽ/ agus /tʰɑɽ'ɑɽ/ (Mealabhaig.), /tʰɑɽ'ɽ/ (t. deas) *tairbh* ainr. gin. agus iol., MG gin. **tairb** (DIL s.v. 'tarb').

12.2.8 Iar-riochdan air seann **-eng(-)**, **-ang-**. Air taobh a deas Loch Gheàrrloch tha an seann chòmhlain **eng** air a leantainn le fuaimreig a' cinneachadh gu /ɛ̃/ le fuaimreig schwa ga leantainn ; tha seann **eng** aig deireadh facail a' toirt /ɽĩN'g'/ mar iar-riochd. Eisimpleirean : /s'N'ɛ̃ɽn/ *sneangan* ainr. (bt. 'seangan') cf. MG **sengán** ; /tʰɛ̃ɽ/ *teanga* ainr., SG **tengae** (DIL s.v.) ; /strɛ̃ɽn/ *sreangan* ('PIECES OF STRING'), iol. de /strɽĩN'g'/ *sreang* ainr. ('STRING'), SG **sreng** (DIL s.v.) ; /s'ɽĩN'g'/ *seang* br., SG **seng** (DIL s.v.). (Tha an cinneachadh a thaobh /kʰɛ̃.ul/ *ceangal* agr., SG **cengal** (DIL s.v.) eisgeachdail, far an robh dichoslachadh air na vèilearaich, faic § 5.11.2.11). Gheibhear /s'N'ɛ̃ɽn/ *sneangan* ainr. agus /tʰɛ̃ɽi/ *teangaidh* ainr., le /ɛ̃/, ann am Mealabhaig cuideachd, ach sna h-eisimpleirean eile tha an cinneachadh eadar-dhealaichte ; tha seann **eng** air a leantainn le fuaimreig a' toirt /ɑ/ air a' leantainn le hiatas agus fuaimreig /i/ gun bheum ; agus gheibhear /ɽĩ/ no /ɽĩɽ/ (ann an saor-chaochlaideachd) bho sheann **-eng** aig deireadh facail. Eisimpleirean : /strɑ.in/ (M.), *sreangan* ('PIECES OF STRING'), iol. de /strɽĩɽ/ agus /strɽĩ/ (M.) *sreang* ainr. ('STRING') ; /s'ɽĩɽ/ (M.),

seang br. Agus ann am facal eile bho Mhealabhaig, /nʰ tʰ[ɛ̃i]N'gɔxʰn/ na *Teangachan* (ainm-àite, dh'fhaodadh leis a' chèill 'teangannan de thalamh'), tha /-[ɛ̃i]N'g-/ againn mar iar-riochd air seann **eng** air a leantainn le fuaimreig, ma tha am bunachadh ann an SG **tengae** ceart (agus mas e, 's e dùblag a bhitheas ann, oir 's e /tʰhɛ̃ʷNʷn/ *teangannan* a gheibhear gu h-àbhaisteach air dà thaobh an loch mar iolra air /tʰhɛ̃ʷ/ *teanga* ainr.)

A thaobh seann **ang**, 's e /Lãʷ/ *langa* ainr. ('LING', *Molva molva*) a gheibhear air dà thaobh an loch mar iar-riochd air SL **langa**. Ach tha an còmhlan seo aig deireadh facail a' cinneachadh gu /ɛ̃Ng/ air taobh deas an loch agus gu /[ãi]ʷ/ am Mealabhaig san fhacal /Rɛ̃Ng/ (t. deas), /R[ãi]ʷ/ (M.), *reang* ainr. ('RIB' ann am bàta), SL **rong**, gin. sg. **rangar** ; ro fhuaimreig bidh e coltach gum faighear /ɛ̃ʷ-/ air an taobh a deas agus /[ɛ̃i]N'g'-/ am Mealbhaig, mas ann bhon aon fhreumh-fhacal a tha /Rɛ̃ʷis'/ (t. deas), /R[ɛ̃i]N'g'is'/ (M.), *reangais* ainr. iol. ('EMACIATED BEASTS').

12.2.8 Air taobh a deas an loch gheibhear consan dùinte vèilearach palataichte /k'/ gu h-iar-fhuaimreagach ann an /krɔ:k'/ *gròig* ainr. ('A MESS'), cuideachd /krɔ:k'ɔx/ *gròigeach* br. ('MESSY, MUCKY'), stoc a tha MacBain s.vv. 'gròig', 'grùig' a' coimeas ri NGE 'grùg', B 'grudge'. 'S e an riochd a tha aig RMC air a' bhuaidhair, /kr'jɔ:t'ɔx/ *greòideach*, le deudach palataichte /t'/. 'S e /k'/ an dèidh fuaimreig bheulaibh a gheibhear air an taobh a deas ann an /kʰl'e:k'ɔx/ *clèigeach* br. ('SHAGGY-HAIRED'); am Mealabhaig cluinnear /kʰl'e:t'ɔx/ *clèideach* br. le /t'/. Air an làimh eile 's e /ʰg'ikLɔxan/ an *Gioglachan* ainr. dil. ('an reul-bhad Pleiades', is dòcha bho *'Grioglachan') a chluinnear aig RMC, le /g'/ aig toiseach facail ; ach 's e /ʰdrjʊkʰtan/ an *Driugadan* ainr. dil., leis a' chòmhlan /dr/ aig toiseach facail, an riochd a tha aig CNC air an ainm seo.

Cluinnear /kʰra:kʰɔx/ *cràcach* br. ('TOUSLED') (bun. neo-sh.) air an taobh a deas, ach 's e /kʰra:kʰɔx/ *cràiceach* br. a gheibhear am Mealabhaig, le /kʰ/ palataichte eadar-fhuaimreagach.

Gheibhear /tɔkʁ/ *doga* ainr. ('A BIT, A PIECE') air an taobh a deas, ach /tɔk^hʁ/ *doca* ainr., le /k^h/ ro-anailichte, am Mealabhaig.

12.2.9 Tha an còmhlan SG **lls** palataichte a' toirt /L's'/ no /s'/ mar iar-riochd air taobh a deas an loch; am Mealbhaig 's e /s'L'/ a gheibhear, tro eadar-chàradh. Eisimpleirean: /sʁiʝs'ʁk/ agus /sʁiʝL's'ʁk/ (fuaimneachaidhean caoch.) (t. deas) *soillseadh* agr., /sʁiʝs'L'ʁk/ (M.) *soisleadh* agr., SG **soillsigud** (DIL s.v.); /nʁs 'mʁãiʝL's'ʁ/ (t. deas) *nas mailse*, /nʁs 'mʁãiʝs'L'ʁ/ (RMC) *nas maisle*, coim. de /mɛ̃'is'/ *meilis* br. ('SWEET'), bt. 'nas mìlse', MG **millsiu** (DIL s.v. 'milis').

12.2.10 Air taobh a deas an loch gheibhear còmhlan svarabhakti air a leantainn le consan dùinte, a' co-fhreagairt ri SG **rg** sna faclan /ʁɑʁk'ʁt/ (t. deas) *airgead* ainr., SG **argat**, ach cuideachd **airccet**, **arget** (DIL s.v. 'argat'); /t'ʁɛɛʝkʁt/ *deargad* ainr. (Siphonaptera 'FLEA') MG **dergnat** (DIL s.v.). Am Mealbhaig 's e còmhlan svarabhakti air a leantainn le suathach a chluinnear: /ʁɑʁʝ'ʁt/ *airgead* ainr., /t'ʁɛɛʝʝʁt/ *deargad* ainr.

12.2.11 Ann an cuid de dh'fhaclan aig an robh roimhe fuaimreag fhada ro hiatas tha an suidheachadh an Gl. neo-sheasmhach, leis an fhuaimreig air a giorrachadh aig cuid de luchd-bruidhne, agus air a fàgail fada aig cuid eile. Faic § 2.6.5 airson beachdachaidh air an seo, far a bheil mi den bharail gur e feinimean leitheaschainnteach, fear a bhuineas do theaghlaichean, a tha seo, agus nach e nì a gheibhear mar thoradh air iosaglos cruinn-eòlach.

12.2.12 Gheibhear eadar-dhealachadh morf-eòlach eadar taobh a deas an loch agus Mealabhaig, ann an àireimh bhig de ghnìomhairean, san iar-leasachan a gheibhear air an stoc ghnìomhaireach san àithneach, m.e. /s'ʁiʝL^hɑ/ agus /s'ʁiʝL^hɑʝ'/ *sìothladh*, *sìothlaidh* gr. àithn. (t. deas), /s'ʁiʝL^hɑN'/ *sìothlain* gr. àithn. (Mealabhaig) ('STRAINING, FILTERING'), bt. 'siolaidh' (ach 's e /s'ʁiʝL^hɑ/ *sìothladh* a chluinnear air dà thoabh an loch mar agr.), SG agr. **síthlad** (DIL s.v.).

12.2.13 Tha na h-eadar-dhealachaidhean ann an leicsigean eadar taobh a deas an loch agus Mealabhaig dh'fhaodadh nas pailte na bhithheadh neach an dùil, agus gun ach astar goirid eadar an dà àite ; cha dèanar iomradh an seo ach air a dha no trì a dh'eisimpleirean :

Taobh a deas /ɑ̃ʁʁNɔX/ *atharnach* ainr., am beachd MacBain s.v. dh'fhaodadh bho 'ath-eòrn-ach' ; Mealabhaig /'ɑX'ɛp^hɔX/ *aithcheapach* ainr. cf. SG **aith-**, **ath-** (Th. § 824) agus NGE 'ceapach' ('a plot of land : Dinneen s.v.) ; na dhà leis a' chèill 'talamh a chaidh a threabhadh agus anns an robh bàrr a' bhliadhna roimhe', 'RED GROUND'.

Taobh a deas /t'ʃiɑ₁nɑk/ *dìonag* ainr., cf. BA 'dinmont' ('a wether between the first and second shearing' : CSD s.v.) ; Mealabhaig /ɑhos'k'/ *athoisg* ainr., is dòcha bho 'ath' agus /o:s'k'/ *òisg* ; na dhà leis a' chèill 'caora bhoireann, eadar a' chiad rùsgadh agus an dara rùsgadh, air a' chiad uan', 'GIMMER' ('s e /tɔ:vl'ɛNɔX 'mũL't^h/ *dò-bhliadhach muilt a gheibhear an Gl. air mult eadar a' chiad rùsgadh agus an dara rùsgadh, B 'dinmont' ; ach cf. dualchainnt Ìle far am faighear /t'i:nɑk/ *dìonag* ainr. leis a' chèill 'wether' : Grant 1987 : 146).*

Taobh a deas /L'ẽnu 't'ʃiɑ₁LɑN'/ *leanabh dìolain* ainr. + br. ; Mealabhaig /L'ẽnu 'rɛ:t^hiX'/ *leanabh rèitich* ainr. + br. ; na dha leis a' chèill 'neach-cloinne dìolain'.

Taobh a deas /t^hʃuLu₁xiN'/ *tulchainn* ainr. (bun. neo-sh.) ; Mealabhaig /k'e:vɔL/ *gèibheal* ainr. ; leis a' chèill 'tulchann taighe', 'GABLE'.

Taobh a deas /t^hʃi:N't'an/ *teinntean* ainr., MG **tinntén** (DIL s.v.) ; Mealabhaig /k^hɑl'k^hɑn/ *cailcean* ainr. leis a' chèill 'HOB', cf. dh'fhaodadh MG **cailc** (DIL s.v.).